





beatha le
buaidh





beatha le
buaidh

LAGE
HAR
HAR
&
LAGE
LAGE
LAGE
LAGE

Air fhoillseachadh ann an 2007 le Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig agus Cànan, le taic bhon Bhuidheann Eadar-roinneil airson Ionnachsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd (Community Learning and Development Review Group for Gaelic).

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte air MRG 2007.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic bho Bhòrd na Gàidhlig.

Dealbh còmhdaich © ?.

Na dealbhan ?.

Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no ann an dòigh sam bith gun chead ro làimh bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Deilbhte le Cànan Earranta.

Clò-bhuailte le Nevisprint, Inbhir Nis.

LAGE/ISBN 978-1-904730-73-6



Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig

An teacs le Gillebride Mac'Uilemhaoil.

LAUREL & HARDY

Laurel & Hardy

Bha Laurel agus Hardy air dithis cho ainmeil agus a bha riamh ag obair ann am filmichean agus a' dèanamh comadaidh. Tha iad air a bhith a' toirt gàire air daoine bhon a thòisich iad ag obair còmhla ann an 1927. A bharrachd air a bhith a' dèanamh filmichean, 's e seinneadairean agus sgrìobhadairean a bha anna. Bha iad cho soirbheachail agus gun deach cartùnaichean, dealbhan-cluiche agus leabhraichean a dhèanamh mun deidhinn.

LAUREL & HARDY



5

4

LAUREL & HARDY



Conasadh bun LAUREL & HARDY

Glaschu airson toiseach tòiseachaidh

B' ann gu math fada air falbh bho chèile a rugadh Stan Laurel agus Oilibhear Hardy. Gu dearbha, cha b' e sin na h-ainmean a bha orra an toiseach co-dhiù. B' e Arthur Stanley Jefferson an t-ainm dòigheil a bha air Stan Laurel agus b' ann an ceann a tuath Shasainn a rugadh e ann an 1890. Ach, b' ann ann an Glaschu, ann an Alba a thòisich Laurel ag obair nuair a bha e 16 far an d' fhuair e obair ann an taigh-cluiche. B' e cleasaiche a bha na athair. Agus nuair a bha e 22 chaidh e a dh'Aimeireaga a dh'obrachadh air filmichean agus b' ann an uair sin a ghabh e an t-ainm Stan Laurel air fhèin.

LAUREL & HARDY

B' ann an Georgia, ann an ceann a deas nan Stàitean Aonaichte a rugadh Norvell Hardy ann an 1892. B' e Oilibhear an t-ainm a bha air athair agus nuair a bha e 18 dh'atharraich Norvell ainm gu Oilibhear. Bha athair air bàsachadh nuair a bha e òg agus bha e ag iarraidh gum biodh an aon ainm air 's a bha air athair.

LAUREL & HARDY



LAUREL

& HARDY




Can you see how I can

© JP Laffont/Sygma/CORBIS

LAUREL & HARDY



12



LAUREL & HARDY

A' coinneachadh

Choinnich Stan Laurel agus Oilibhear Hardy an toiseach ann an 1919 ach cha do thòisich iad ag obair còmhla mar dhithis gu 1927. Bha na filmichean a bha iad a' dèanamh èibhinn agus bha iad a' còrdadh gu mòr ri daoine. Bhiodh rudan èibhinn a' tachairt dhaibh daonnan. Bha iad annasach aig an àm bhon a bha aon ghuth Sasannach agus aon ghuth Aimeireaganach ann. Bha aon fhear dhiubh cho reamhar ri ròn agus bha am fear eile cho caol ri bior!!

13



LAUREL & HARDY

Comadaidh

S e 'slapstick' a chanar ris an t-seòrsa comadaidh a bha iad a' dèanamh. Bhiodh iad a' trod agus a' sabaid gu math tric agus bhiodh iad a' briseadh rudan.

'S iad fhèin a bhiodh a' sgrìobhadh a' chuid bu mhotha dhe na sgeidseachan agus bha fhios aca dè a bha a' còrdadh ris an luchd-amhairc. Gu math tric bhiodh Stan a' tòiseachadh air rànaich an dèidh do dh'Oilibhear a bhith a' trod ris. Cha bu toil le Stan idir a bhith a' dèanamh sin ach chùm e air ga dhèanamh a chionn 's gun robh e a' còrdadh ris an t-sluagh.

Comadaidh

LAUREL & HARDY

15

14



LAUREL & HARDY



Conasadh bun LAUREL & HARDY

Air falbh bhon chamara

Ged a bha an caractar aig Stan caran faoin, gu dearbha cha robh dad a choltas aige ri beatha Stan fhèin. Bhiodh esan a' dèanamh an t-uabhas obrach – a' sgriobhadh agus a' leughadh sgriobtaichean agus a' feuchainn ri gnothaichean a dhèanamh na b' fheàrr. Bhiodh e tric a' trod ris an luchd-obrach eile agus gu h-àraigis ris an fheadhainn a bha a' riochdachadh nam filmichean. Ged a bha an caractar aig Oilibhear aimhreiteach, cha robh Oilibhear idir mar sin na bheatha àbhaisteach. Cha robh dad a b' fheàrr leis na bhith a' seinn agus bhiodh e a' seinn cho tric agus a b' urrainn dha. Ged a bhiodh esan a' sgriobhadh sgriobtaichean cuideachd cha bhiodh e idir a' dèanamh uiread ri Stan.

LAUREL & HARDY

Crionadh

Anns na 1940an cha robh gnothaichean a' dol ro mhath dhaibh idir. Ghluais iad gu companaidh eile ach chan fhaodadh iad fhèin na sgriobtaichean a sgriobhadh idir. Cha robh sin a' còrdadh riutha agus cha robh iad toilichte. Rinn iad am film mu dheireadh aca còmhla ann an 1950. Bha Stan air a bhith meadhanach agus cha do dh'obraich iad còmhla airson grùnn mhìosan an dèidh sin. Rinn iad dealbhan-cluiche còmhla ach bha an dithis aca gu math tinn. Ann an 1957, chaochail Oilibhear Hardy an dèidh dha stròc a ghabhail. Bha e air an t-uamhas cuideam a chall. B' ann an 1965 a chaochail Stan Laurel. Bha e a' sgriobhadh gus an do chaochail e ged a dhiùlt e pàirt sam bith a ghabhail ann am filmichean no prògraman telebhisein.

LAUREL & HARDY

Dileab

Tha deagh chuimhne aig daoine fhathast air Laurel & Hardy agus bidh mòran a' coimhead air na filmichean aca. B' e caraidean a bha annta ach ged a bha iad ag obair còmhla airson còrr is 30 bliadhna cha robh iad cho dlùth sin ri chèile idir. Tha iomadh buidheann stèidhichte air feadh an t-saoghal gus cuimhne a chumail orra agus gus urram a thoirt dhaibh mar an dithis a b' ainmeile a bha a-riamh ag obair mar chleasaichean.

L A U R E L & H A R D Y

Cò iad?

Latha Breith

Laurel - 16/06/1890
Hardy - 18/01/1892



Cò às a bha iad?

Bha Stan Laurel à Ullswater ann
an Sasainn agus bha Oilibhear
Hardy à Georgia anns Na Stàitean
Aonaichte.

An ainmean ceart

Arthur Stanley Jefferson agus
Norvell Hardy.

A' chiad obair aca

Cleasaichean.

Dreuchdan eile

Sgrìobhaichean agus b' e
seinneadair a bha ann an
Oilibhear.

Càirdeas

Caraidean ach cha robh iad cho
dlùth ri sin.